

# Beathaichean




Moo thuir a' bhò anns a' bhàthaich  
Seall an uair a thà  
A bheil sibh a' dol gam bhleoghann?  
Gus am faigh sibh bainne blàth.

Hee Haw thuir an t-each anns an stàball  
Seall an uair a thà  
Chan eil dad agam ri ithe  
Ach chapan tioram sràbh!!




Gog Gàg thuir a' chearc air an spiris  
Seall an uair a thà  
Tha thid agaibh biadh a thoirt dhòmhsa  
Is gheibh sibh ugh mòr blàth.

Quack Quack thuir an tunnag san t-seada  
Seall an uair a thà  
Leigibh mise a-mach à seo  
Is thèid mi cuairt gun an tràigh.



Oink Oink thuir a' mhuc anns an fhàile  
Seall an uair a thà  
Càit' bheil mo pheile biadh  
Agus deoch 's mi leis a' phàthadh?

Och thuir a' chaora dhubh-cheannach  
Nach bochd dhaibh mar a thà  
Tha mi muigh an seo a' criomadh an fheòir



Gach oidhche agus latha.  
Tha sinne air an tuathanas  
Aig Seòras Aonghais Bhàin  
Tha esan cumail sùil oirne  
Gach oidhche agus là.